

AINM:

CLAS:

Ìre 3-5 Fìleantaich

Taibhs

[air atharrachadh bho Geugan Uaine 2]



Faclair

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean air an taobh chli agus lorg a' chiall cheart dhaibh anns an liosta air an taobh dheas:

air a bheò-ghlacadh	innsidh mi an fhirinn
balbh	a' toirt dlùth-aire do rudeigin
am falach	glagadaich
annasach	a-mach à sealladh
bheir mi dhut m' fhacal	gun ghuth
snagadh	neònach

Ceistean

1. Lorg trì eisimpleirean às an stòiridh a sheallas gun robh a h-uile càil ceart gu leòr san taigh mus do nochd an taibhs.
2. Tagh pìos às an stòiridh a tha a' toirt rabhadh dhan leughadair gun cuir an stòiridh eagal air.
3. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine ag èisteachd ris na th' aige ri ràdh? Smaoinich air an dòigh anns an do thòisich e an stòiridh.
4. Tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn ann an tòrr dhiofar dhòighean gun robh an t-eagal air fhèin agus air an teaghlach nuair a chunnaic iad an taibhs san rùm, an dà chuid, ann am faireachdainnean agus atharrachaidhean cuirp. Sgrìobh sia dòighean a chleachd e airson sin a dhèanamh. Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut mar-thà.

1. "Cha leig mi leas innse dhut gun robh dearg eagal mo bheatha orm."

5. Saoil carson nach do bhruidhinn an teaghlach mu na chunnaic iad an dèidh làimhe?
6. Dè thug air an sgrìobhadair smaoineachadh o chionn ghoirid air na thachair an oidhche ud?



Sgrìobhadh



Ìre 3-5 Fìleantaich

Ann an càraid, sgrìobhaibh sgeulachd mu thaibhsean. Feumaidh sibh tighinn gu aonta air suidheachadh, caractaran, ciamar a chuireas sibh an t-eagal air an leughadair agus ciamar a chuireas sibh crìoch air an stòiridh.

Smaoinich air na rudan seo mar chlas mus tòisich sibh.

Ciamar a sgrìobhas tu deagh sgeulachd oilteil?

Suidheachadh

Tha seo air leth cudromach dhan stòiridh – chan obraich e às aonais is cha bhiodh duine airson an stòiridh a leughadh mura toir thu an aire ri seo.

- Chan eil sgeulachd oilteil gu feum sam bith as aonais an t-suidheachaidh. Feumaidh tu an leughadair a thoirt air falbh bhon t-saoghal àbhaisteach air do shocair. Na tòisich le: “Chunnaic mi taibhs a-raoir – bha an t-eagal orm.” Cha tug thu cothrom dhan leughadair smaoinichadh air an t-suidheachadh no fàs cleachdte ris an t-suidheachadh.
- Faodaidh tu na mothachaidhean air fad a chur gu feum ann a bhith a’ cruthachadh an t-suidheachaidh:

Fradharc:	Às an dorchadas, dh’èirich figear mòr dubh air mo bheulaibh.
Fàileadh:	Bha fàileadh an eagail nam chuinnlean is chaidh mi air chrith.
Fuaim:	Bha figear beag faileasach anns an oisean ag osnaich is a’ gal air a shocair. An ath mhionaid, thionndaidh e agus leig e sgrìach às a chaidh tromham mar lann lom.
Làimhseachadh:	Mar a chaidh i seachad orm, shliob i mo ghruaidh le a corragan fada fuar is stad mo chridhe le dubh-eagal.



Feumaidh tu am faireachdainn **a shealltainn** dhan leughadair, chan eil gu leòr ann a bhith dìreach **ag innse** rudeigin dha.

- Càit am bi an stòiridh air a shuidheachadh? Chan fheum sgeulachdan oilteil a bhith suidhichte ann an cladh no ann an seann taigh, ach uaireannan obrachaidh iad seo gu math cuideachd. ‘S e an dòigh anns am bi thu a’ cur an t-suidheachaidh gu feum an rud as cudromaiche is chan e an suidheachadh fhèin.



Faireachdainn

- Cha ghabh an t-eagal a chur air daoine gun a bhith a' toirt an leughadair chun an eagail, beag air bheag.
- Feumaidh an leughadair an t-eagal a tha air caractaran san stòiridh fhaireachdainn cuideachd. Feumaidh an leughadair a bhith a' creidsinn anns na caractaran agus na tachartasan anns an stòiridh no bheir e gàire air no tuitidh e na chadal ga leughadh! 'S e seo an rud mu dheireadh a tha a dhìth air sgrìobhadair a tha airson an t-eagal no an t-iongnadh a chur air daoine.

Am Plot

Dh'fhaodadh plot air choreigin a bhith ann an sgeulachd oillteil, ach chan fheum am plot a bhith ro thoinnte. Feumaidh an leughadair a bhith air a ghlacadh airson na duilleagan a thionndadh. Bhiodh iad seo gu feum:

- Tòiseachadh làidir a ghlacas aire an leughadair – cuimhnich nach fheum thu a bhith ann an seann taigh air oidhche stoirmeil!
- Meadhan oillteil far am faic na caractaran an rud a chuireas dragh orra.
- Deireadh làidir nach eil a' criòchnachadh ann an dòigh ro shìmplidh:

Nuair a ghlac sinn an taibhs, chunnaic sinn gur e Iain a bh' ann le anart geal air a cheann.

- Chan e seo an deireadh a tha leughadair ag iarraidh – 's dòcha nach gabh an suidheachadh a mhìneachadh idir agus ann an dòigh, dh'fhaodadh e a bhith na b' fheàrr mura gabh.
- Cuimhnich gu bheil thu a' feuchainn ri dìomhaireachd a chruthachadh is gu bheil an leughadair airson a dhol an sàs anns an dìomhaireachd.
- Cuimhnich gur e an taibhs prìomh character an stòiridh agus feumaidh e a bhith mar phàirt dheth. Minich an ceangal a th' aige ris an t-suidheachadh no ri caractaran eile anns an stòiridh.

Deiseil?

Bhiodh e math an sgeulachd a chur ann an cruth leabhair aon uair is gu bheil an tidsear agus daoine eile sa chlas air sùil a thoirt oirre agus air molaidhean a thoirt seachad. Dh'fhaodadh sibh cuideachd bhidio a chlàradh de chuideigin ag innse an stòiridh.



Dh'fhairich mi dubh-eagal nam chridhe.